



## Leasan 22: Fiosrachadh air an fhoghlam a fhuair am fiosraiche na òige

### 1. An Sgeulachd

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/68805>

### 2. Gnìomhan do Sgoilearan

#### a. Ceistean

Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean, a' cleachdadh nam faclan agad fhèin. Tha Dòmhnall MacNeacail (1887-1979) às an Eilean Sgitheanach a' bruidhinn ri Mòrag NicLeòid (Sgoil Eòlais na h-Alba).

1. Dè an aois a bha Dòmhnall nuair a chaidh e dhan sgoil?
2. Dè an aois a bha e nuair a dh'fhàg e an sgoil?
3. Dè nach robh math mu dheidhinn nam mnathan-sgoile, ann am beachd Dhòmhnail?
4. Cò dha a bha buinteanas aig Niall MacLeòid, am fear a thàinig a theagasg Dhòmhnail sa bhliadhna mu dheireadh aige?
5. Dè seòrsa obair-dachaigh a gheibheadh na sgoilearan mus tàinig Mgr MacLeòid?
6. Ged a bha e fhèin gu math diadhaidh, dè thuirt Mgr MacLeòid ris na sgoilearan mun obair-dachaigh aca?
7. Carson nach b' urrainn do Dhòmhnall fuireach anns an sgoil?
8. Dè an suidheachadh a bh' ann a thaobh cànan anns an sgoil?
9. Dè bha follaiseach bho na h-eacarsaichean sgrìobhaidh aca?
10. Ciamar a bha na tidsearan a' faighinn taic airson clann a theagasg aig nach robh Beurla?
11. Ciamar a dh'ionnsaich Dòmhnall leughadh sa Ghàidhlig?
12. Dè an comas anns a' Ghàidhlig nach eil aig Dòmhnall? Ciamar a tha e a' faireachdainn mu dheidhinn seo?

#### b. Ealain

Ciamar a bhios tu a' brosnachadh coimhearsnachd agus cànan a dh'fhuiling droch làimhseachadh, mar a' Ghàidhlig, tro shiostam an fhoghlaim? Ciamar a chleachdas tu foghlam airson cùisean a dhèanamh nas fheàrr? Ciamar a bhrosnaicheas tu daoine Gàidhlig a chleachdadh gun ìmpidh a chur orra?

Dèan agallamh le neach nas sine mu na smuaintean aca mun Ghàidhlig agus mu na làithean-sgoile aca fhèin. Ciamar a tha iad a' faireachdainn mun Ghàidhlig? Ciamar a tha na beachdan aca air atharrachadh thar nam bliadhnaichean? Ciamar a bha am foghlam aca diofraichte on fhoghlam agadsa?

Faodaidh tu an t-agallamh a chlàradh agus tar-sgrìobhadh a dhèanamh dheth cuideachd.

### 3. Stuthan Taic

#### a. Briathrachas

**mnathan-sgoile** – boireannaich a bhiodh a' teagasg anns an sgoil

**buinteanas do** – càirdeach do

**leabhar aithghearr nan ceist** – leabhar de cheistean, ceangailte ris a' chreideamh Phròstanach, a bhiodh aig daoine air an teangaidh. Bha e gu math cudromach ann am beatha na h-eaglaise.

**a' cantail** – a' cantainn, ag ràdh

**diadhaidh** – a' creidsinn gu làidir ann an Dia; cràbhach

**geur** – san t-seagh seo, gu math comasach, glic

**chaochail** – dh'eug, shiubhail, bhàsaich

**sionadh** – sìon, rud, càil

**a' copaigeadh** – a' dèanamh lethbhreac

**miseanaraidh** – neach a bhiodh a' sgaoileadh Crìosdaidheachd ann an coimhearsnachdan iomallach

**a' dèanamh an adhradh** – ag adhradh, a' moladh Dhè.

#### b. Geàrr-chunntas

Tha Dòmhnall a' bruidhinn mun sgoil a fhuair e agus e na ghille. Chaidh e dhan sgoil aig aois sia bliadhna agus bha e innte gus an robh e ceithir bliadhn' deug. Bha na mnathan-sgoile coma co-dhiù an robh clann ag ionnsachadh. Dh'ionnsaich e barrachd anns a' bhliadhna mu dheireadh, aig Niall MacLeòid. Cha b' urrainn dha fuireach anns an sgoil oir bha iad cho bochd. Cha robh Gàidhlig aig an luchd-teagaisg agus cha robh Beurla aig a' chloinn. Leughadh iad ach cha robh iad a' tuigsinn. Bha iad math gu leòr le àireamhan. Dh'ionnsaich e Gàidhlig a leughadh le bhith a' gabhail adhradh anns an dachaigh.

#### c. Achd an Fhoghlaim 1872

Tha Dòmhnall a' bruidhinn air àm a bha gu math duilich dhan Ghàidhlig ann an Alba. Chaidh esan dhan sgoil às dèidh do dh'Achd an Fhoghlaim 1872 a chur an gnìomh. Ged a bha an Achd seo adhartach ann an iomadh dòigh, leis gun robh e a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gum faigheadh gach pàiste san dùthaich cothrom air foghlam bun-sgoile, rinn an Achd cron thar tomhais air a' Ghàidhlig le buaidh a mhaireas gus an latha an-diugh.

Cha robh guth air a' Ghàidhlig anns an Achd. Gu dearbh, bhathar a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a chasg buileach, agus bhite a' maslachadh agus a' peanasachadh na cloinne nan labhradh iad facal Gàidhlig anns an sgoil. Ri linn seo, cha robh pàrantan a' toirt seachad

Gàidhlig dha an cuid cloinne. Cha do thòisich foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gus na 1980an.

Chan eil Dòmhnall a' toirt iomradh air an droch làimhseachadh is peanasachadh fiosaigeach a bhiodh sgoilearan a' fulang airson Gàidhlig a labhairt. Feumaidh gun robh e gu math fortanach. Ann an cuid de sgoiltean, bhiodh tidsearan a' gabhail dhan chloinn leis an tàthas nan labhradh iad idir facal Gàidhlig. Smaoinich fhèin cho doirbh 's a bhiodh seo, mura robh facal Beurla aig a' chloinn a' dol dhan sgoil.

## 4. Fiosrachadh Eile

### a. Am Fiosraiche

Dòmhnall MacNeacail, Dòmhnall Iseabail (1887-1979). Rugadh agus thogadh e anns an Eilean Sgitheanach. Bha e a' fuireach ann an Camas Cros. B' e maraiche agus croitear a bh' ann. Cluinnear òrain a rinn e fhèin air làrach-lìn Tobar an Dualchais.

### b. Ceanglaichean

Seo cuid de na chlàraidhean eile aig Dòmhnall MacNeacail:

#### **Cleachdaidhean tiodhlacaidh, croitearachd is eile.**

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/87659/1>

Fiosrachadh air na cuspairean a leanas: tiodhlacadh (le iomradh air uisge-beatha, briosaidean 's càise); croitearachd (crodh agus gobhair); iasgach (sgadan, msaa.); agus taibhsean 's samhlaidhean.

#### **Beagan eachdraidh.**

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/68597/1>

Rugadh am fiosraiche ann an 1887 anns an aon taigh anns a bheil e a-nis [1973]. 'S e taigh-geal a bh' ann; fear den chiad fheadhainn. Phòs athair ann an 1884 agus thog e an taigh. Bha botal uisge-bheatha a' cosg deich sgillinn aig an àm. Bha taighean-dubha anns an Druim Fheàrna cuideachd. Bha an teine ann am meadhan an ùrlair ach bha feadhainn anns an robh similear-crochaidh. Bha fìdhlear ann, Gilleasbaig Ceanadach, a bhiodh a' teagasg dannsa anns an taigh aige. Thàinig an t-ainm Camas Cros air an àite an dèidh do shagart tighinn ann. Chuir e suas crois anns a' chamas.

#### **Tha am fiosraiche a' bruidhinn air a' bhàrdachd agus air a' bheatha aige.**

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/68829/1>

Tha am fiosraiche ag ràdh nach e bàrd a th' ann idir. Thòisich e air òrain a dhèanamh nuair a thill e dhachaigh chun an Eilein Sgitheanaich. Bhiodh beagan a' tighinn thuige nuair a bha e aig muir. Bha mòran Sgalpach còmhla ris a' seòladh – Clann MhicLeòid agus Moireasdanaich – agus bha iad tapaidh. Bha e fhèin ann an Arm Astràilia agus ann an Cabhlach Astràilia anns a' chogadh mu dheireadh, agus bha e toilichte faighinn dhachaigh agus a bhean a phòsadh.

## 5. Freagairtean

Tidsearan: cuiribh post-d gu [dualchas@smo.uhi.ac.uk](mailto:dualchas@smo.uhi.ac.uk) gus lethbhreac de na freagairtean airson nan leasan air fad fhaighinn.